

Aithris Poileasaidh Àrainneachd agus Seasmhachd

Mar sheilbheadair agus obraiche aon phort-adhair deug air feadh sgìre mhòr a tha a' gabhail a-steach na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Taobh Tatha, tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' lùghdachadh na buaidh againn air an àrainneachd. Tha sinn cuideachd a' tuigsinn an àite bhuanachdail a th' aig na puirt-adhair againn ann an coimhearsnachdan ionadail, a' ruith sheirbheisean loidhne-teasairginn agus a' toirt seachad buannachdan sòisealta is eaconamach.

Tha na buaidhean agus dleastanasan againn a' dol nas fhaide na crìochan fiosaigeach nam port-adhair againn. Far nach eil smachd dìreach againn air eimiseanan obrachaidh, leithid gluasadan phlèanaichean agus luchd-siubhail a' dol dhan phort-adhair, obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le companaidhean adhair agus leis a' ghnìomhachas san fharsaingeachd gus piseach a thoirt air coileanadh agus gus buaidh a thoirt air poileasaidhean riaghaltais far an urrainn dhuinn sin a dhèanamh.

Tha sinn air aontachadh:

- dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ris an reachdas iomchaidh uile agus dleastanasan gèillidh nas fharsainge
- a bhith a' tuigsinn nam buaidhean àrainneachdail againn agus a' cur an gnìomh cheumannan gus droch bhuidhean a lùghdachadh agus deagh chothroman a mheudachadh
- a bhith a' cur casg air agus a' lùghdachadh truailleadh, ag obair leis na treas phàrtaidhean againn agus a' leantainn phrionnsapalan stèidhichte, a' gabhail a-steach 'Pàighidh an Neach-truailidh'.
- ag obair leis an luchd-ùidh againn gus cothroman com-pàirteachais a chomharrachadh gus droch bhuidhean a lùghdachadh, gus cur ris a' choileanadh againn agus gus cur ri buannachdan sòisealta is eaconamach co-roinnte
- siostam riaghlaidh àrainneachdail a bhith againn, a' toirt cothrom dhuinn sgrùdadh, ath-sgrùdadh agus leasachadh a dhèanamh air ar coileanadh
- a' sgaoleadh fios mun choileanadh againn taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne ann an dòigh fhosgailte agus fhollaiseach

Tha an [Ro-innleachd Seasmhachd](#) againn a' suidheachadh na lèirsinn agus nan amasan fad-ùine againn. Cumaidh mapa-rathaid 10-bliadhna taic ris an ro-innleachd gus ar prìomhachasan seasmhachd a libhrigeadh agus thèid cinn-uidhe a shuidheachadh gach bliadhna. Bithear a' cumail sùil air coileanadh gu cunbhalach agus thèid aithris air tro Aithisg Seasmhachd Bhliadhnail.



Inglis Lyon
Manaidsear-stiùiridh